

1. Fèisean | Festivals

Èist  ris a' chlàradh seo a gheibhear air **Tobar an Dualchais**: www.tobarandualchais.co.uk/track/27692?l=en. Anns a' chlàradh cluinnear Iain Moireach a' bruidhinn mu dheidhinn fèis Ròmanach air an robh an t-ainm **Lupercalia**.

Sgrìobh  tar-sgrìobhadh den chlàradh seo.

Iain Moireach:

2. Fèis Bharraigh | The Barra Festival

Èist  ris a' Phodcast **SpeakGaelic** far an cluinnear criomag bho thasglann **Radio nan Gàidheal**: 'S e **Dealan-Dè** a bh' air an t-sreath agus chaidh a chlàradh ann an 1987: www.bbc.co.uk/sounds/play/m001xtsv:

Criosaidh NicFhionnghuinn: Chaidh Fèis Bharraigh a chur air chois bho chionn seachd bliadhna. 'S e Maighstir Cailean MacAonghais, 's e esan.. a tha 'n dràst' ann an Ecuador, 's e esan a chuir air bhonn an toiseach, agus 's e am-bliadhna an t-seachdamh fèis a th' air a bhith againn. 'S ann a chionn cho beag ceòl 's a bha san eilean, 's ann a chaidh a cur air chois an toiseach; bhathar a' faicinn gu robh (a') chlann a' fàs suas 's bha 'ad [iad] a' caoidh nach robh duine ann a chluichdeadh pìob no bocsa no inneal-ciùil sam bith.

Agus cuideachd, a thaobh na Gàidhlig, bhathar a' faicinn gu robh a' Ghàidhlig a' sìor fhalbh am measg na cloinne, sna sgoiltean, 's gu robh an t-àm rudeigin a dhèanamh mu dheidhinn sin.

Màiri NicFhionghuin: A' chiad fhèis, tha mi creidsinn gur e cion an tùir a bu mhotha a bha ceàrr oirnn an uair sin. A chionn 's... cha robh [nach robh] fhios againn dè rud a bh' ann am fèis, chan eil mi smaoineachach gu robh duin' againn riamh aig fèis... Agus nuair a thuirt

Maighstir Cailean an toiseach, dè mu dheidhinn an fhèis a bha seo a chur air ann am Barraigh, thuirt sinn air fad gun dèanamaid e, a chionn 's... Uill, bha sinn a' faicinn gur e deagh rud a bh' ann, agus bha sinn a' dèanamh a-mach – mar a thuirt Criosaidh – gu robh feum mòr, mòr againn air rudan mar seo anns an eilean.

Nist, 's e luchd-teagaisg, a' chiad bhliadhna, a bu mhotha a bha mun cuairt air an fhèis, ach tha mi smaoineachadh gur e an reusan a bha sin gu robh fhios againn gur ann airson na cloinne anns a' phrìomh àite, 's ann airson na cloinne a bha 'n fhèis. Agus bha a' chlann anns na sgoiltean, agus air t-sailleabh gur ann am May a smaointichear air agus gu robh sinn a' dol ga cur air ann an sia seachdainean - uill dh'fheumadh sinn brath fhaighinn a dh'ionnsaigh na cloinne agus bha sin cho furasta dhèanamh tro na sgoiltean.

Mairead NicNèill: Bha sinn gu math riaslach air a' chiad latha. Nuair a ràna [ràinig] sinn shuas... an sgoil, tha mi smaoineachach nach robh duin' againn buileach cinnteach dè bha sinn a' dol a dhèanamh leis na bha siud de chloinn, agus tòrr de luchd-teagaisg againn deiseil airson an gabhail... ach cha robh timetables, cha robh sgàth againn deiseil air a chur air dòigh. Ach cha robh sinn ach a' taghadh na cloinne, a' faighneachd dhaibh gu dè bha iad airson a dhèanamh, agus... gan cur nam buidhnean beaga gu rùm an siud 's an seo.

Nuair a chunnaic sinn cho math 's a dh'obraich a' chiad fhèis a-mach, bha sinn ag ràdh rinn fhèin "uill, cha dèan math dhuinn fhàgail aig a seo." Agus bha sinn ag ràdh cuideachd nach dèanadh math dhuinn a' chlann fhàgail eadhan airson aon bhliadhna gun tigeadh an ath fhèis, gun rudeigin a dhèanamh, a chionn ma leigeas tusa às feadan airson dhà no thrì sheachdainean tha e gu math doirbh a thogail a-rithist 's tòiseachadh air.

Agus sin nuair a rinn sinn suas gum feumamaid clasaichean a dhèanamh (air) feadh a' gheamhraidh a chumadh nan cuimhne an rud a dh'ionnsaich iad aig an fhèis.

Bha e gu math doirbh an toiseach sin a dhèanamh a chionn cha robh ['s nach robh] mòran dhaoin' againn air an eilean a b' urrainn na clasaichean a bha sin a chumail air aghaidh [air adhart]. Ach chaidh againn air; lorg sinn daoine aig an robh beagan fiosrachaидh mu dheidhinn dha no thrì co-dhiù dha na h-innealan. Cha robh uiread de dh'innealan againn aig a' chiad fhèis 's a th' againn a-nist. Ach bha dhà no thrì dhaoin' ann a bha deònach, ged nach robh iad nam professionals mar gun canadh tu.

Sgrìobh 📝 - Freagair na ceistean seo mu bhriathrachas anns an tar-sgrìobhadh:

- Thoir sùil air na thuirt Criosaidh agus lorg an abairt a chleachd i gus '**stèidhich**' a ràdh: _____
- Thoir sùil air na thuirt Mairi agus lorg an abairt a chleachd i gus '**aineolas**' a ràdh: _____
- Thoir sùil air na thuirt Mairi a-rithist agus lorg mar thuirt i '**dh'fheumamaid fios a chur dhan chloinn**': _____
- Ciamar a thuirt Mairead gun robh a' chiad latha '**bun os cionn**': _____

3.

Deas-ghnàthan | Rituals

Èist + **Leugh** - Gheibhear an clàradh agus an litir seo air **LearnGaelic:** www.learngaelic.scot/litir/beulaithris.jsp?l=1137

Fàilte na Bealltainn oirbh. Ma tha sibh ag èisteachd ris a' chiad chraoladh dhen Litir seo, b' e an-dè Latha na Bealltainn – no Latha Buidhe Bealltainn, mar a chanas gu leòr fhathast. Tha mi a' dèanamh dheth gu bheil buidhe an seo a' ciallachadh 'fortanach' no 'na taingealachd'. 'S e latha taingealachd a bh' ann bho shean oir bha e a' comharrachadh toiseach an t-samhraidh.

Tha e duilich ann an saoghal na Gàidhlig mar a leig sinn seachad mòran de na deas-ghnàthan againn a bha uaireigin prìseil dhuinn mar shluagh. Agus cha robh deas-ghnàth na bu chudromaiche do na seann Ghàidheil na a' Bhealltainn. Bha am faclairiche Eideard Dwelly dhen bheachd gun robh i uabhasach fhèin cudromach. Seo na sgrìobh e mu a deidhinn anns an fhaclair aige:

'Air a' chiad latha dhen Chèitean, bhathar a' cumail fèill mhòr dhraoidheil mar chomharra dhen dia Belus. Air an latha seo, bhathar a' losgadh theintean air mullaichean nam beann air adhbhar ìobairt agus eadar na teintean seo bhathar ag iomain crodh mar dhòigh gus an dòn bho ghalar gus an tigeadh an ath Bhealltainn.'

Tha Dwelly ag innse dhuinn gum biodh daoine a' mùchadh nan teintean aca a-staigh agus gun losgadh iad teine ùr le bhith a' cleachdadadh lasair bho theine Bealltainn. Tha e ag ràdh gum biodh feedhainn òg anns gach sgìre a' coinneachadh anns a' mhonadh air a' chiad latha dhen Chèitean. Bhiodh iad a' cruthachadh nàdar de bhòrd às an talamh le bhith a' cladhach dìg ann an cumadh cruinn, a bhiodh mòr gu leòr airson a h-uile duine dhen òigridh a bha air tighinn còmhla. Seo an ath phìos dhen chunntas aige:

'Chuir iad teine thuige agus rinn iad biadh le uighean agus bainne a bha car coltach ri ughagan. Rinn iad bonnach coirce a bh' air a chur an aghaidh clach, agus a bhiodh air a ròstadh le teas nan èibhleagan. An dèidh dhaibh an ughag ithe, roinn iad am bonnach a rèir na bh' ann de dhaoine, agus a h-uile pìos dheth co-ionann ann am meud.'

A bheil sibh còmhla rium fhathast?! Cha robh càil a bha sin a bha cus ro annasach. Ach, an uair sin, bhiodh iad a' dèanamh rudeigin fìor annasach. A bheil sibh eòlach air an fhacal gual-fiodha? Gual a th' air a dhèanamh de dh'fhiodh. Sin a' Ghàidhlig a th' air *charcoal*. Tha Dwelly ag innse dhuinn gum bite a' suathadh fear de phìosan a' bhonnaich le gual-fiodha, gus am biodh e cho dubh ri tòن poite. An uair sin chuireadh iad a h-uile pìos dhen bhonnach còmhla ann am bonaid. Seo deireadh a' chunntais aig Eideard còir:

'Bhiodh a h-uile duine, le dall-bhrat orra, a' tarraig a-mach pìos [dhen bhonnach]. 'S e an

neach leis an robh a' bhonaid a bhiodh a' tarraing a' phìos mu dheireadh, agus b' e an duine coisrigte a thaghadh am pìos dubh a bhiodh mar ìobairt don dia Belus, agus iad a' sìreadh fàbhar bhuaithe ann a bhith a' dèanamh an fhearrainn torach anns a' bhliadhna romhpa.'

Uill! A bheil sin a' ciallachadh gun robhar a' marbhadh cuideigin mar ìobairt? Cò aige tha fios dè bha a' dol ri linn nan draoidhean ach, a rèir Dwelly, cha robh aig an neach a chaidh a thaghadh ri dhèanamh ach leum thairis air na lasairean trì tursan.

Sgrìobh 📝 - Freagair na ceistean seo mun chlàradh.

1. Dè tha Latha na Bealltainn a' comharrachadh?

2. Cò bh' ann an Eideird Dwelly? Dè an obair a bh' aige?

3. Dè seòrsa fèille a bhite a' cumail air Latha na Bealltainn a rèir Eideird Dwelly?

4. Dè am biadh a bhathar a' dèanamh agus ciamar a rinneadh e?

5. Dè bhathar a' dèanamh leis a' ghual-fhiodha?

6. Dè bha aig an neach a fhuair am pìos dubh dhen bhonnach ri dhèanamh am beachd Eideird Dwelly?

1 - Poilitigs | Politics

Iain Moireach: *Bho chionn dà mhìle bliadhna, bha treubh nan Ròmanach a' ruith timcheall a' seinn, 'Togaibh i, togaibh i, suas leis an Laidinn', agus bha fèis aca mun àm sa bhliadhna ris an canadh iad fhèin Lupercalia. Agus abair cèilidh. Air latha sònraichte, can an-diugh, bhiodh a h-uile caileag òg a' sgrìobhadh a h-ainm air bileag papyrus agus a' tilgeil sin ann an tocasaid mhòr ann am meadhan baile na Ròimhe. Thigeadh an uair sin na gillean agus thomadh iad an làmh dhan an tocasaid, agus bheireadh iad ainm aiste, dìreach mar nàdar rafail, agus 's e sin an leannan a bhiodh aca, ma b' fhìor, fad na bliadhna.*

2 - Fèis Bharraigh | The Barra Festival

1. cur air chois / cur air bhonn
2. cion an tùir
3. dh'fheumamaid brath fhaighinn a dh'ionnsaigh na cloinne
4. gu math riaslach

3 - Deas-ghnàthan | Rituals

1. Tha Latha na Bealltainn a' comharrachadh toiseach an t-samhraidh. Bha e cuideachd a' comharrachadh an dhè Cheiltich 'Belus'.
2. B' faclairiche a bh' ann an Eideird Dwelly a sgrìobh mu Bhealltainn san fhaclair aige.
3. A rèir Eideird Dwelly a bhite a' cumail fèill mhòr dhraoidheil mar chomharra air an dia 'Belus'. Bhathar a' losgadh theintean air mullaichean nam beann agus bhathar ag iomain crodh trodhpà mar dhòigh gus an dòn bho ghalar.
4. Bhathar a' dèanamh biadh le uighean agus bainne a bha car coltach ri ughagan. Rinn iad bonnach coirce cuideachd a bh' air a chur an aghaidh clach teth, agus a bhiodh air a ròstadh le teas nan èibhleagan.
5. Bhathar a' suathadh pìos dhen bhonnach leis a' ghual-fhiodha gus am biodh e cho dubh ri tòn poite.
6. A rèir Dwelly, cha robh aig an neach a chaidh a thaghadh ri dhèanamh ach leum thairis air na lasairean trì tursan.